



Dian-thachartasan co-cheangailte ris a' ghnàth-shìde

Teintean-raoin san RA

Tha 4 prìomh sheòrsaichean
teine-raoin anns an RA:

- 🌍 teintean air talamh-fraoich
ìosal (gu tric a' gabhail
tarsainn air talamh-fraoich
ceann a deas Shasainn)
- 🌍 teintean air monaidhean
àrda (mar teine Monadh
Shaddleworth agus teintean
air mòintichean Alba)
- 🌍 teintean air feurach
- 🌍 teintean am measg a' bhàrr



Chan eil coilltean no craobhan san liosta. 'S e an t-adhbhar, nach eil teintean coille cumanta san RA. Mar as trice gabhaidh smachd a chur orra gu furasta leis nach bi na lasraichean tric a' dol eadar bàrr nan craobhan.

Tha an còmhdach air talamh-fraoich agus air monaidhean gu math coltach ri chèile.

Tha talamh-fraoich air a chòmhdachadh le fraoch, conasg agus feur. Chan eil mòran lusan a' fàs leis nach e ùir mhath a th' ann. Bidh talamh-fraoich a' dol na theine tràth as t-earrach mar as trice nuair a tha taiseachd an fhraoich aig an ìre as ìsle.



Atharrachadh na gnàth-shìde



Nuair a tha ùine fhada de theòthachdan àrda agus glè bheag uisge ann, faodaidh talamh-fraoich fosgailte no sgìrean craobhach a bhith ann an cunnart ro theine leis gun gabh am feur agus an duilleach gu furasta san tiormachd.

Bidh feurach a' dol na theine anmoch as t-samhradh nuair as tioraime a tha e agus nuair a tha teòthachdan ag èirigh.

Faodaidh mòine a dhol na theine aig àm sam bith den bhliadhna, mura bheil mòran uisge san talamh.

Tha monaidhean fo fhraoch gu ìre mhòr, agus tha iad air an cleachdadh airson ionaltradh do bheathaichean agus le oighreachdan seilg.

Tha falaisgear eadar-dhealaichte ri teine-raoin. Tha falaisgear air a chur thuige a dh'aon ghnòthaich airson fraoch, preasan conaisg agus feurach a losgadh, agus bidh seo a' toirt fàs air feurach ùr dha na fiadh-bheathaichean 's do chrodh.

Tha teintean-raoin nas miosa tro ùineachan fada de shìde theth, thioram. Bidh na teòthachdan nas àirde ag adhbharachadh barrachd deatachaidh agus bidh sin a' tioramachadh na fàs-bheatha, agus a' dèanamh connadh do na teintean.





Dè tha ag adhbharachadh teintean-raoin?

Cha tòisich teòthachdan àrda leotha fhèin teine-raoin. Feumaidh connadh a bhith ann agus rudeigin airson a lasadh. Faodaidh an lasadh a bhith nàdarra, air neo air a dhèanamh le daoine.



Air feadh an t-saoghail, tha teintean air an tòiseachadh le dealanaich, le obair bholcànach agus le sradagan bho chreagan a tha a' tuiteam. Faodaidh daoine teintean a thòiseachadh le mearachd le teintean-campa, teintean-aighir, sradagan bho innealan, no falaisgear. Uaireannan tha iad air an cur thuige a dh'aon ghnothaich. 'S e lasadh le mearachd an t-adhbhar airson a' mhòr-chuid de theintean san RA.



Chan eil teintean-raoin san RA cho fiadhaich no cho cunnartach ris na teintean-raoin sna Stàitean Aonaichte no ann an Astràilia. Bidh teintean-raoin na RA a' gluasad gu mall agus gabhaidh smachd a chur orra air sgàth an t-seòrsa talaimh air a bheil an teine. Faodaidh iad eag-shiostaman a mhilleadh, cuid-seilbh agus togalaichean a sgrios, agus iarraidh air luchd-smàlaidh obrachadh ann an dòigh eadar-dhealaichte airson dèiligeadh riutha, ach gu h-àbhaisteach chan eil iad a' cur dhaoine ann an cunnart am beatha.

Tha luchd-saidheans den bheachd, leis nach e craobhan as coireach ri sgapadh teintean san RA, gu bheil barrachd rannsachadh sònraichte a dhìth air stiùireadh an fhearainn.



Ron a sin, thatar a' moladh do dh'uachdarain coilltean a thanachadh, sprùilleach lus an air an làr a thoirt air falbh, agus brisidhean a dhèanamh eadar badan chraobhan gus nach sgap teine gun smachd agus gus nach tèid teine na chùis èiginn. Faodaidh iad cuideachd losgadh riaghlaidhe a dhèanamh gus earrannan de fhàs-bheatha a ghlanadh ach tha am beachd seo a cheart cho connspaideach ri falaisgear, leis gun tèid smachd a chall air teintean uaireannan.